

## Mòr-phlana airson Meadhan Baile Obar Dheathain

Tha am Mòr-phlana airson Meadhan Baile Obar Dheathain na phlana ath-nuadhachaidh a tha ag amas air cruth-atharrachadh a thoirt air meadhan a' bhaile agus a tha cuideachadh ag amas air dualchas cliùiteach a' bhaile a ghlèidheadh. 'S e an t-amas gum bi barrachd soirbheachais agus càileachd beatha nas fheàrr aig a h-uile duine.

Chaidh am Mòr-phlana a chruthachadh às dèidh co-chomhairle phoblach fharsaing agus ghabh Comhairle Baile Obair Dheathain ris a dh'aonta-ghuthach anns an Ògmhios 2015.

Tha ochd prìomh amasan fichte a-steach dhan Mhòr-phlana: Ag atharrachadh bheachdan; A' toirt fàs air obraichean ann am meadhan a' bhaile; Sealladh mar phrìomh-bhaile; Baile mòr a tha beò airson a h-uile duine; Dèante ann an Obar Dheathain; A' taisbeanadh sheallaidhean de na h-aibhnichean; Adhartach a thaobh teicneòlais agus cùramach a thaobh na h-àrainneachd; agus Suaicheanta a thaobh cultair.

Uile gu lèir tha 50 pròiseact ann bho oifisean is àiteachan poblach ùra gu trèanadh airson sgilean, agus tachartasan inntinneach ùra.

Tha am Mòr-phlana ag amas air meadhan a' bhaile a dhèanamh na dheagh àite airson a bhith a' fuireach is ag obair ann agus airson a bhith a' tadhal air; ceann-ùidhe cruinneil. Thathar a' meas gum faodadh seo còrr is £1 billean de dh'in-ionmhais a thoirt a-steach agus gum faodadh e na mìltean de dh'obraichean ùra a chruthachadh.

Cùm sùil a-mach airson suirbhidhean no co-chomhairlean poblach oir thig barrachd pròiseactan fa leth am bàrr agus dh'fhaodte gum bi cothroman agad do bheachdan a thoirt seachad air mar a ghabhas an libhrigeadh san dòigh as fheàrr.